

## **An Litir Bheag** **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag *is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 137 (which corresponds to Litir 441). Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk).*

Bha mi ann an Èirinn o chionn mìos. Bha mi aig an Oireachtas. 'S e sin fèill mhòr nan Gàidheal. Tha e rudeigin coltach ris a' Mhòd ann an Alba.

Bha an t-Oireachtas ann an Cathair na Mart. 'S e Cathair na Mart, no Westport, baile beag ann an Contae Mhaigh Eo. Tha sin air taobh an iar na dùthcha. 'S e baile beag brèagha a tha ann.

Às dèidh an Oireachtais chaidh mi fhìn agus a' bhean agam air cuairt anns a' chàr. Thuirtean tè o chionn deich bliadhna gur e Contae Mhaigh Eo an t-àite as brèagha ann an Èirinn. Tè ann an àrd-dhreuchd. Cò bha innte? Cò, ach Màiri Robinson. B' ise Uachtarain – Ceann-suidhe – Poblachd na h-Èireann aig an àm. Rinn mi agallamh leatha ann an Gàidhlig airson Radio nan Gàidheal. Bha ise a' bruidhinn ann an Gaeilge. Bha i ann an Alba, a' comharrachadh bàs Chalum Chille ann an còig ceud, naochad 's a seachd (597).

A' leantainn moladh Màiri, chaidh mi fhìn agus a' bhean agam timcheall pàirtean de Chontae Mhaigh Eo. Chaidh sinn air rathad air an taobh an iar. Chaidh e gu deas air baile air a bheil Louisburgh. Ann an Gaeilge, 's e Cluain Cearbáin an t-ainm a tha air – *buttercup meadow*. Nach eil sin nas snoige na Louisburgh?!

Cha do stad sinn anns a' bhaile. Chaidh sinn air an rathad gu deas. Tha an rathad a' dol ri taobh loch air a bheil an Dubh Loch. 'S e àite garbh, brèagha a tha ann. Tha e car coltach ri Gàidhealtachd na h-Alba. Faisg air an Dubh Loch chunnaic sinn carragh-cuimhne. Bha e ri taobh an rathaid.

Stad sinn an càr. Sgrìobhte air a' charragh-cuimhne – ann am Beurla – bha seo: *To commemorate the hungry poor who walked here in 1849 and walk the third world today. Bha e a' cuimhneachadh earrann bho eachdraidh na Gorta Mòire. Air an taobh eile bha seo: "In 1991 we walked AFRI's great famine walk at Doolough and soon afterwards we walked the road to freedom in South Africa": Archbishop Desmond Tutu.*

Bha mi ag iarraidh tuilleadh fhaighinn a-mach mu na thachair faisg air an Dubh Loch. Agus innsidh mi dhuibh na dh'ionnsaich mi an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** o chionn mìos: *a month ago*; fèill mhòr nan Gàidheal: *the great festival of the Gaels*; rudeigin coltach ri: *somewhat like*; Contae Mhaigh Eo:

*County Mayo; taobh an iar na dùthcha: the west side of the country; chaidh mi fhìn agus a' bhean agam air cuairt anns a' chàr: my wife and I went on a trip in the car; thuirt tè o chionn deich bliadhna: ten years ago a lady said; an t-àite as brèagha: the most beautiful place; ann an àrd-dhreuchd: in high office; cò bha innte?: who was she?; Ceann-suidhe Poblachd na h-Èireann: President of the Irish Republic; a' comharrachadh bàs Chaluim Chille: commemorating the death of St Columba [1400 years previously]; a' leantainn moladh Màiri: following/obeying Mary's recommendation; nach eil sin nas snoige na?: isn't that nicer than?; cha do stad sinn: we didn't stop; ri taobh loch: beside a loch; chunnaic sinn carragh-cuimhne: we saw a memorial; sgrìobhte: written; ag iarraidh tuilleadh fhaighinn a-mach: wanting to find out more; mu na thachair: about what happened; innsidh mi dhuibh na dh'ionnsaich mi: I'll tell you what I learned.*

ends